




beatha
le
buaidh

10
11
12
13
14
15
16
17
18
19
20
21
22
23
24
25
26
27
28
29
30
31
32
33
34
35
36
37
38
39
40
41
42
43
44
45
46
47
48
49
50
51
52
53
54
55
56
57
58
59
60
61
62
63
64
65
66
67
68
69
70
71
72
73
74
75
76
77
78
79
80
81
82
83
84
85
86
87
88
89
90
91
92
93
94
95
96
97
98
99
100

bob geldof

Bob Geldof

Bob Geldof

**beatha le
buaidh**



Air fhoillseachadh ann an 2005 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2006. Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © Rune Hellestad/CORBIS.

Na dealbhan le Corbis agus SPCB (td. 10-11).

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 1-904730-27-2

beatha le buaidh



BOB GELD OF

Bob Geldof: naomh no neach-ciùil?

Tha Bob Geldof ainmeil airson dà rud. Bha e uair na sheinneadair anns a' chòmhlan Boomtown Rats. B' e *I Don't Like Mondays* an t-òran a b' ainmeile a bh' aca. Bha e dusan seachdain aig àireamh a h-aon ann an 1979. An-diugh tha Robert Frederick Xenon "Bob" Geldof nas ainmeile airson na tha e a' dèanamh às leth Afraga.

BOB GELD OF



BOB GELDOF

Etiòpia agus Band Aid

Aig toiseach nan ochdadan bha na Boomtown Rats air an t-slighe a-mach. Bha fios aig Geldof air an seo agus bha e a' coimhead ri rudan ùra a dhèanamh. Chluich e pàirt anns a' film, *Pink Floyd The Wall*, ach cha robh e ag iarraidh a bhith na chleasaiche. Aon oidhche chunnaic e rudeigin air na naidheachdan a dh'atharraich a' chòrr dhe bheatha. Bha fear-naidheachd a' BhBC, Mìcheal Buerk, ag aithris à Etiòpia ann an Afraga. Bha goirt uabhasach anns an dùthaich sin aig an àm. Bha na mìltean a' bàsachadh leis an acras. Às dèidh na dealbhan fhaicinn, gheall Geldof rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn.

Thachair seo anns an t-Samhain 1984. Sa bhad dh'fhòn Geldof gu charaid, Midge Ure. Is e Albannach a bh' ann an Ure agus bha còmhlan ainmeil aige fhèin, Ultravox.

BOB GELDOF

Dh'aontaich iad òran a sgrìobhadh gus feuchainn ri airgead a thogail son Etiòpia. Cha robh fada gus an robh an t-òran, *Do They Know It's Christmas*, deiseil aca. Chaidh Geldof an uair sin air Rèidio 1 gus innse mu na plànaichean aige. Sa bhad bha ùidh mhòr aig na meadhanan sa chùis.

Chuir Geldof an uair sin còmhlan ri chèile leis an ainm, Band Aid. Bha a h-uile neach-ciùil ainmeil à Breatainn agus Èirinn anns a' chòmhlan. Chaidh an clàr a chur a-mach dìreach ron Nollaig agus bha an t-airgead gu lèir a' dol gu Etiòpia. Bha dùil aig Geldof gun togadh iad timcheall air £70,000, ach bha e fada ceàrr. Is ann a thog an clàr iomadach millean not. Aig an àm cha robh clàr riamh air uiread a reic ann am Breatainn.

BOB GELDOF

Live Aid

Bha an t-òran cho soirbheachail agus gun robh Geldof agus Ure airson rudeigin eile a dhèanamh. Stèidhich iad an uair sin Live Aid ann an 1985. Bha iad airson an consairt roc as motha a chunnaic an saoghal a-riamh a chur air bhonn. Bhiodh an luchd-ciùil as fheàrr air an t-saoghal a' cluiche aige. Thigeadh a shealltainn ann am Breatainn agus ann an Ameireaga.

Bha obair mhòr an lùib seo. Cha deach a leithid a rud a dhèanamh riamh roimhe. Ach mu dheireadh thall chaidh an consairt, ann an Lunnainn agus Philadelphia, air adhart. Airson a' chiad uair bha consairt beò ri fhaicinn air feadh an t-saoghail. Bha e uabhasach soirbheachail agus a-rithist chaidh mòran airgid a thogail airson Afraga.

BOB GELDOF



B O B

G E L D O F



Com. Gordon Turner

© 2005 Neach-togail-dhealbh Pàrlamaid na h-Alba

BOB GELDOF

Às dèidh Live Aid

Às dèidh Live Aid bha Geldof aithnichte air feadh an t-saoghail. Bha e a' siubhal gu mòran àiteachan a' togail airgid airson Afraga. Chaidh e a throd ris a' Phrìomh Mhinistear, Mairead Thatcher. Bha ise airson cìsean a chur air airgead gu Afraga, ach thug Geldof oirre smaintinn às ùr. A' bhliadhna às dèidh Live Aid rinn a' Bhànrigh, Ridire Urramach dheth. Ach a chionn is gur ann an Èirinn a rugadh e, chan fhaod Geldof an tiotal 'Sir' a chleachdadh.

12

BOB GELDOF



© CORBIS

13

Na bliadhnaichean còmhla ri Paula Yates

Anns an aon bhliadhna ri Live Aid, phòs Geldof Paula Yates. Bha an dithis air coinneachadh nuair a bha Geldof anns na Boomtown Rats. Mus do phòs iad bha nighean bheag aca, Fifi Trixibelle. Bhiodh dithis chloinne eile aca, Peaches Honeyblossom agus Pixie, às dèidh sin.

Cha do mhair am pòsadh ged-tà. Dh'fhàg Yates Geldof airson an t-seinneadair Astràilianaich, Mìcheal Hutchence. Bha Hutchence na sheinneadair sa chòmhlan ainmeil, INXS. Choinnich e ri Yates air a' phrògram telebhisean, *The Big Breakfast*. Gu h-annasach 's e a' chompanaidh aig Geldof fhèin a bha a' dèanamh a' phrògram seo.

Bha nighean eile aig Yates ri Hutchence. A-rithist bha ainm annasach oirre, Heavenly Hiraani

Tigerlily, ach chaidh cùisean ceàrr dhaibh ann an 1997. Chuir Hutchence às dha fhèin ann an taigh-òsta agus chaidh beatha Yates bun os cionn. Chaidh Geldof dhan chùirt airson a chlann aige fhaighinn air ais. Fhuair e cead cuideachd coimhead às dèidh Tigerlily. Cha robh seo furasta ged-tà, oir bha mòran strì ann ri luchd-lagha agus na cùirtean. Thug e buaidh mhòr air Geldof agus tha e a-nise a' cur taic ri *Fathers for Justice*. Is e iomairt a tha seo airson barrachd chòraichean a thoirt do dh'athraichean. Thàinig droch naidheachd eile an uair sin. Bhàsaich Yates às dèidh cus dhrugaichean a ghabhail. Bha Geldof a-nise air fhàgail leis fhèin le ceathrar chloinne.

BOB GELD OF

Live 8

Ann an 2005 thàinig Geldof agus Ure còmhla uair eile airson Afraga a chuideachadh. Bha coinneamh mhòr dhen G8 gu bhith ann an Alba, aig Gleann Eigeis. Is e a th' anns an G8 ach na h-ochd rìoghachdan as cumhachdaiche air an t-saoghal. Bha Geldof a' faicinn seo mar chothrom air barrachd a dhèanamh airson Afraga. Dh'fhoillsich e fhèin agus Nelson Mandela, *Make Poverty History*, ann an Lunnainn.

Beagan mhìosan às dèidh sin chuir Geldof Live 8 air bhonn. Dh'iarr e air millean neach siubhal gu Dùn Èideann. Bha e airson cuideam a chur air ceannardan poileataigeach daoine bochda an t-saoghail a chuideachadh.

BOB GELD OF

Bha Live 8 fiù 's nas motha na Live Aid. Chaidh consairtean a chur air bhonn anns gach dùthaich san G8. Mar sin, bha consairtean ann an Lunnainn, san Ròimh, Berlin, Paris, Philadelphia, Toronto, Tokyo agus Moscow. A thuilleadh air an sin, chaidh consairt eile a chur air bhonn ann an Johannesburg. Am measg na bha a' cluiche bha Madonna, U2, Pòl McCartney, Elton John agus Geldof fhèin.

BOB GELDOF

An ath cheum?

Tha Geldof an-diugh a' fuireach ann an Chelsea ann am baile mòr Lunnainn, gu math fada bho Dhún Laoghaire, faisg air Baile Atha Cliath, far an deach a thogail. Ged a tha Geldof ainmeil airson na rinn e airson Afraga, bu chòir cuimhneachadh gur e fear-gnothaich soirbheachail a tha ann cuideachd.

Tha cuid a' smaointinn gum faodadh e seasamh fhathast mar Cheann-suidhe na h-Èireann. Tha feadhainn eile dhen bheachd gum faigh e àite ann an Taigh nam Mórairean. Bhiodh Geldof fhèin ag iarraidh gum biodh cuimhne aig daoine air mar neach-ciùil. Ach leis na tha e air a dhèanamh airson Afraga, tha a h-uile coltas gur e tuilleadh poileataigs a bhios fa-near dha san àm ri teachd.

BOB GELDOF



© Kieran Doherty/Reuters/CORBIS

